



Seirbheis Dhidseatach  
Ghaidhlig air a moladh leis a'  
BhBC - Co-chomhairle air  
Modh Simplidh son Measadh  
Ofcom air a' Bhuaidh air a'  
Mhargadh

Co-chomhairle

Air fhoillseachadh

16 Lunasdal 2007

An latha mu dheireadh son freagairt:

7 Sultain 2007





## Ro-ràdh

1.1 Tha am BBC, an co-bhanntachd ri Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, a' moladh na seirbheis a leanas, ris an canar Seirbheis Dhidseatach Ghàidhlig (SDG):

- Sianal telebhisean ann an Gàidhlig – a' craoladh suas ri seachd uairean san latha (gu h-àraidh, ach gun a bhith air a chuingealachadh ris a sin, anmoch feasgar agus air an fhionnairidh). Bhiodh seo a' toirt a-steach uair gu leth san latha de phrògraman ùra (a' cunntais phrògraman a' BhBC an-dràsta), ath-chraoladh aithriseach agus stuth as an tasg-lann. Faodaidh an t-seirbheis cuideachd Radio nan Gàidheal aig a' BhBC a chleachdadh mar sheirbheis chunbhalach nuair nach bi prògraman telebhisean rim faicinn. Cuideachd bhiodh mòran a-bharrachd de stuth Gàidhlig air a thairgse dhaibhsan a tha cleachdadh [bbc.co.uk](http://bbc.co.uk).
- Tairgidh an sianal naidheachdan is sìde ann an Gàidhlig agus raon farsaing phrògraman de chaochladh gnè, comadaidh is dràma 'nam measg ma cheadaicheas airgead is goireasan. Gheibhear uair gu leth gach latha de stuth ùr (an dàrna cuid prògraman ùra no feadhainn air an tionndadh gu Gàidhlig o chànanan eile). Gus an gluaisear gu craoladh didseatach a-mhàin, bidh seo a' toirt a-steach an dà uair a thìde san t-seachdainn de phrògraman Gàidhlig air BBC2.
- Thèid, air a' char is lugha, dàrna leth de mhaoin nam prògraman a tha tighinn o Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a chosg anns an roinn neo-eisimeileach.
- Theid sianal telebhisean Gàidhlig a thairgse an toiseach ann a 2008 air saideal agus bann-leathann, agus air càbal thairis na Rìoghachd Aonaichte nas anmoiche den bhliadhna. An dèidh gluasad gu telebhisean didseatach a-mhàin, theid an t-seirbheis a thairgse air telebhisean didseatach talmhaidh (an Alba a-mhàin), agus aig an àm sin cha tèid prògraman Gàidhlig a shealltainn air BBC 2.
- Ma theid crìoch a chur air an Deuchainn Luach Poblach (DLP) ro Nollaig agus gu bheil Urras a' BhBC riarachaidh gum faod an t-seirbheis tòiseachadh, tha dùil gun tachair sin ro dheireadh a' Mhàrt 2008.
- Bhiodh an t-seirbheis air a ceadachadh agus air a riaghladh le Urras a' BhBC, ach bhiodh i cuideachd fo riaghladh Ofcom chun na h-aon ìre 's a tha seirbheisean eile a' BhBC. Tha am BBC a' moladh gu stiùir iad an t-seirbheis an co-bhanntachd ri Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, ged is ann an urra ri Àrd-Stiùiriche a' BhBC a bhios deagh-ghnè nam prògraman aig a' cheann thall.

Gheibhear làn-chunntais air an t-seirbheis a thathar a' tairgse aig:

[http://www.bbc.co.uk/bbctrust/framework/public\\_value\\_test/index.html](http://www.bbc.co.uk/bbctrust/framework/public_value_test/index.html)

1.2 Tha am pàipear seo a' sireadh bheachdan a bheir cothram do dh'Ofcom measadh a dheanamh air am bu chòir dhaibh a bhith cleachdadh modh sìmplidh son measadh na buaidh air a' mhargadh (MBM) a bhios aig seirbheisean ùra pàighte le cis-craolaidh a' BhBC agus atharraichidhean susbainteach air seirbheisean th'ann an-dràsta. Ma thogas an co-chomhairleachadh seo ceistean, leanaidh Ofcom an dòigh àbhaisteach, le clar-ama nas fhaide, son MBM far am bheilear a' sireadh barrachd fiosrachaidh bhuapasan aig a bheil ceangal ris a' chuspair. Nan tachradh seo chan eil teagamh nach biodh dàil ann an cur SDG air chois. Tha sinn son beachdan fhaighinn bhuapa-san air am faodadh SDG buaidh a thoirt ann an seadh gnìomhachail agus bhuapa-san aig a bheil ùidh cultarach no poiliticeach ann an

Gàidhlig. 'Si a' cheist chudromach a dh'fheumas Ofcom a thoirt fanear dè na seirbheiseann, an-dràsta no 's an amharc, air a bheil SDG buailteach buaidh a thoirt agus dè an seòrsa buaidh a bhios ann.

### 1.3 Notaichean Cudromach:

1.3.1 Tha sinn an dùil freagairtean a shealltainn do dh'Urras a BhBC nas lugha na chanas sibh a' chaochladh. Ma tha sibh son gun cùm sinn againn fhèin ur freagairt deanaimh freagairt MBM air leth agus seallaibh air a' chòmhdach gur ann airson Ofcom a-mhàin a tha e.

1.3.2 Ma tha beachdan agaibh air Measadh Luach Poblach (MLP) air an t-seirbheis ùr a thathar a' moladh, deanaimh cinnteach gun cuir sibh sin air leth gu Urras a' BhBC.

1.3.3 Chan eil Ofcom am beachd freagairtean MBM fhoillseachadh air an làrach-lìn aca. Ach is dòcha gum bi iad son freagairtean àraidh ainmeachadh anns an aithisg a tha iad an dùil a chur an clò anmoch ann an 2007. Ma tha pàirt sam bith de ur freagairt ann an diamhaireachd, agus nach bu chòir dha bhith air ainmeachadh ann an aithisg Ofcom, deanaimh sin soilleir nur freagairt. Bhiodh e na chuideachadh nan rachadh tuth diamhair sam bith a chur sios air pàipear air leth, le mìneachadh air carson a thathar 'ga mheas diamhair.

1.4 Ann a bhith toirt ur beachdan do dh'Ofcom bhiodh e feumail, far a bheil sin comasach, nan cuireadh sibh taice ri ur freagairt le fianais sam bith a tha agaibh ri làimh.

1.5 Feumaidh na freagairtean a bhith steach ro 5 feasgar air 7 Sultain 2007. Bu chòir an cur air post-dealain gu [alan.stewart@ofcom.org.uk](mailto:alan.stewart@ofcom.org.uk) no anns a' phost gu:

Ailean Stiùbhart  
Ofcom (Scotland)  
Sutherland House  
149 St Vincent Street  
Glasgow  
G2 5NW

1.6 Ma tha ceistean sam bith agaibh mu MBM, cuiribh fios anns a'chiad àite gu Ailean Stiùbhart aig an t-seòladh post-dealain gu h-àrd. Ma tha ceistean agaibh mun t-seirbheis a tha am BBC a' moladh, cuiribh post-dealain gu Mìcheal MacLabhrainn ([michael.mclaren@bbc.co.uk](mailto:michael.mclaren@bbc.co.uk)) no Dòmhnall Caimbeul ([domhnall@gms.org.uk](mailto:domhnall@gms.org.uk)) aig Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.

1.7 Tha cùram air Ofcom gun coilean iad an dleastanas a-thaobh Gàidhlig agus tha iad air na cumhachan iomraidh agus am pàipear seo air co-chomhairle ullachadh ann an Gàidhlig. Ach, le tìde agus goireasan gann, bhiodh e 'na chuideachadh nam biodh freagairtean na co-chomhairle seo ann am Beurla.

### **Moladh a-thaobh measadh air a' bhuidheann air a' mhargadh a choileanadh an dòigh sìmplidh**

1.8 Ma tha e coltach nach bi buaidh mhòr aig seirbheis a thathar a' moladh air a' mhargadh faodaidh Ofcom, le aonta on Bhuidheann Stiùiridh Co-Phàirteach (BSC), modh sìmplidh a leantainn son MBM a choileandh. Tha seo air a mhìneachadh ann

an Doigh-Obrach MBM aig Ofcom air:

<http://www.ofcom.org.uk/research/tv/bbcmias/statement/statement.pdf>. Tha seo a' ciallachadh gu tèid an MBM seo a chriochnachadh nas luaithe na an MBM slàn, gu bheil nas lugha de dh'fhiosrachadh a-bharrachd ri chruinneachadh agus gum bi Ofcom a' deanamh nas lugha de rannsachadh mionaideach.

- 1.9 Gus freagairt fhaighinn air am bu chòir am modh sìmplidh a chleachdadh son MBM a choileanadh bu toigh leinn ur beachdan fhaighinn air SDG agus a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aige air a' mhargadh – math agus dona.
- 1.10 A bheil sibh ag aontachadh gur ann beag a bhios a' bhuidh aig SDG air a' mhargadh san fharsaingeachd? Co-dhiùbh tha sibh ag ràdh seadh no chan eadh, am minich sibh carson a tha sibh den bheachd sin agus an toir sibh fianais, ma tha sin comasach? Ann a bhith freagairt na ceiste seo beachdaichibh air na ceistean nas mionaidhaiche tha leantainn.

### **Beachdan o dhaoine le ceangal ris a' ghnìomhachas (seirbheisean coimhearsnachd is saor-thoileach 'nam measg)**

- 1.11 A bheil sibh a' smaoinichadh gum bi buaidh aig SDG air na seirbheisean a tha sibh a' toirt seachad an-dràsta? Bhiodh e feumail fhaighinn a-mach dè na feartan de SDG a tha sibh den bheachd aig am biodh a' bhuidh a bu mhotha air an luchd-cleachdaidh agaibh agus dè a dhèanadh sibh nan cluinneadh sibh gu bheil SDG a' tòiseachadh anns a' Mhàrt 2008. Dè cho cudromach 's a tha na seirbheisean air am biodh buaidh aig SDG air ur cùisean-gnothaich 'san fharsaingeachd? An atharraich cudrom nan seirbheisean sin tro thìde?
- 1.12 Dè cho cudromach 's a tha na seirbheisean air am biodh buaidh aig SDG dha ur planaichean son an ama ri teachd? Minichibh ur freagairt. A bheil planaichean agaibh son seirbheisean a leudachadh air am biodh buaidh aig SDG? An innis sibh dhuinn, gu h-aithghearr, dè na seirbheisean sin agus dè an ìre leasachaidh aig a bheil iad? A bheil planaichean agaibh son seirbheisean ùra a thòiseachadh air am biodh buaidh aig na molaidhean ùra "air-iarraidh" aig a' BhBC? De a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig SDG air leudachadh no tòiseachadh nan seirbheisean agaibh? An innis sibh cuideachd de a' bhuidh a bhiodh aig ur co-dhùnadh air na seirbheisean a tha agaibh an-dràsta agus ur comas air an libhrigeadh?
- 1.13 Bu toigh le Ofcom fiosrachadh fhaighinn air ur n-eòlas air SDG – cuin a chuala sibh mu dheidhinn agus dè is aithne dhuibh mu dheidhinn. Ann am planaichean airson seirbheisean ùra an do beachdaich sibh air gum faodadh gu rachadh SDG a chur air chois uairegin 's an àm ri teachd?

### **Beachdan o fheadhainn aig a bheil ceangal ri cùisean cultarach is poilitigeach**

- 1.14 An aithne dhuibh seirbheisean sam bith ann an coimhearsnachd na Gàidhlig aig an àm seo air am faod buaidh a bhith aig SDG (buidhnean saor-thoileach a-bharrachd air buidhnean coimearsalta)? Mas aithne, comharraichibh iad agus thoiribh adhbhair ghoirid son ur freagairt. Son gach seirbheis a dh'ainmicheas sibh, de a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig SDG orra fhèin no air seirbheisean/buidhnean aig a bheil ceangal riutha?
- 1.15 An aithne dhuibh seirbheisean sam bith anns an àm ri teachd air am faodadh buaidh a bhith aig SDG? Mas aithne, dè na seirbheisean agus dè a' bhuidh a bhiodh aig SDG orra?

1.16 Bhiomaid toilichte ur beachdan a chluinntinn air na ceistean ann an 1.13 gu h-àrd.